

B2

Speak Gaelic

Bruidhinn | Speaking

25 PUINGEAN | 25 POINTS [25%]



1.

Ceist a h-Aon | Question One

[10 PUINGEAN]

Cumaidh an sgrùdaiche còmhradh riut mud dheidhinn fhèin. Aig an ìre seo bu chòir gum bi tagraichean comasach air còmhradh leudaichte a chumail air a' mhòr-chuid de chuspairean coitcheann ann an dòigh chom-pàirteach.

Bu chòir gun seall tagraichean diofar ìrean de dh'fhaireachadh agus a bhith a' soillearachadh na brìghe pearsanta a th' aig tachartasan agus gnìomhan, agus a bhith comasach air pàirt gnìomhach a ghabhail ann an còmhradh neo-fhoirmeil, a' beachdachadh, is a' cur sealladh an cèill gu soilleir, a' measadh bheachdan eile agus a' dèanamh is a' freagairt air molaidhean. Bu chòir dhaibh na beachdan aca a mhìneachadh is a chumail suas ann an còmhradh le bhith a' toirt seachad mìneachaidhean buntainneach, argamaidean agus beachdan.

The examiner will make conversation to find out some information about you. At this level candidates should be able to engage in extended conversation on most general topics in a clearly participatory fashion.

Candidates should convey degrees of emotion and highlight the personal significance of events and experiences, and be able to take an active part in an informal discussion, commenting, putting a point of view clearly, evaluating alternative proposals and making and responding to suggestions. They should account for and sustain their opinions in discussion by providing relevant explanations, arguments and comments.

Anns a' phàirt seo den mheasadh feumaidh an tagraiche aon taobh de dheasbad a ghabhail fhad 's a ghabhas an sgrùdaiche an taobh eile. Gheibhear lethbhreac den cheist seo latha ron mheasadh agus bidh cothrom aig an tagraiche am fiosrachadh mun deasbad a leughadh agus beagan rannsachaidh a dhèanamh gus cur ris an argamaid aca.

In this part of the assessment the candidate must take one side of a debate while the examiner takes the opposing side. A copy of this question will be issued a day before the assessment and the candidate will have the chance to read the information about the debate and do a little research in order to supplement their argument.

Bidh tagraichean a' sealltainn gun urrainn dhaibh:

Candidates will demonstrate they:

- cumail suas ri còmhraidh beothail, ag aithneachadh argamaidean a tha a' cumail taic ri no a' cur an aghaidh diofar thaobhan-seallaidh gu mionaideach.
can keep up with an animated discussion, identifying accurately arguments supporting and opposing different points of view.
- an smointean agus am beachdan a chur an cèill gu mionaideach, loidhnichean fillte de dh'argamaid a thoirt seachad agus a fhreagairt gu h-ùghdarrasach.
can express their ideas and opinions with precision, present and respond to complex lines of argument convincingly.
- am beachd aca a thoirt seachad, a mhìneachadh is a chumail suas, a' measadh bheachdan eile agus a' dèanamh is a' freagairt air molaidhean.
can contribute, account for and sustain their opinion, evaluate alternative proposals and make and respond to suggestions.
- agallamh siùbhlach, èifeachdach a dhèanamh, a' siubhal mar a thogras iad bho cheistean ullaichte, a' leantainn air agus a' ceasnachadh fhreagairtean inntinneach.
can carry out an effective, fluent interview, departing spontaneously from prepared questions, following up and probing interesting replies.
- argamaid soilleir a leasachadh, a' mìneachadh agus a' cumail taic ri taobhan-seallaidh aig deagh fhaide le puingeann fo-bheachdail agus eisimpleirean buntainneach.
can develop a clear argument, expanding and supporting their points of view at some length with subsidiary points and relevant examples.
- sreath argamaide ciallaiche a chur ri cèile.
can construct a chain of reasoned argument.
- taobh-seallaidh air ceist chuspaireil a mhìneachadh a' toirt seachad nam buannachdan is eas-bhuannachdan de dhiofar roghainnean.
can explain a viewpoint on a topical issue giving the advantages and disadvantages of various options.

Cuir argamaid ri cèile a' cumail taic ris a' bheachd a leanas:

Put together an argument supporting the following opinion:

- **Tha an t-eadar-lìon a' dèanamh barrachd croin na feum san latha an-diugh.**

Dèan beagan rannsachaidh gus cur ris an argamaid seo. Faodar tùs sam bith a chleachdadh gus argamaid a chur ri chèile. Bidh an sgrùdaiche a' deasbad bhon taobh-sheallaidh eile, mar sin, feumaidh tu ullachadh a dhèanamh gus cur an aghaidh nam puingean a dh'fhaodadh a bhith acasan.

Do a little research to supplement this argument. Any source may be used to put an argument together. The examiner will be debating from the opposing point-of-view, therefore you should prepare to argue against the points they may raise.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh aig na ceanglaichean a leanas:

- <https://www.bbc.co.uk/bitesize/guides/zqm66sg/revision/1>
- <https://www.bbc.co.uk/naidheachdan/fbh/68932706>
- <https://www.bbc.com/naidheachdan/sgeulachdan/c8070ml34zvo>
- <https://www.bbc.co.uk/news/technology-47173191>
- <https://debatewise.org/3033-internet-brings-more-harm-than-good/>

Tuigse Innealta (TI) | Artificial Intelligence

ionnsaigh saidhbeir | cyber attack

fiosrachadh breugach | false information

fiosrachadh pearsanta | personal info

eòlas mhic an duine | human knowledge

dìon dàta | data protection

eucoir saidhbeir | cyber crime

prìobhaideachd | privacy



Ceist a Trì | Question Three

[5 PUINGEAN]

Seallaidh an sgrùdaiche dealbh dhut. Bidh dà mhionaid agad airson coimhead air an dealbh agus an uair sin bidh còmhradh eadaraibh mu dheidhinn. 'S e còmhradh fosgailte agus farsaing a bhios ann an seo ceangailte ri cuspair an deilbh agus cuiridh an sgrùdaiche ceistean ort air a' chuspair.

The examiner will show you a picture. You will have two minutes to look at it and then you will have a conversation with the examiner about the picture. This will be a broader conversation based on the topic in the picture. The examiner will ask you open-ended questions about the topic.

1 - Dealbh a h-Aon



2 - Dealbh a Dhà



3 - Dealbh a Trì



4 - Dealbh a Ceithir



5 - Dealbh a Còig



6 - Dealbh a Sia



7 - Dealbh a Seachd



8 - Dealbh a h-Ochd



9 - Dealbh a Naoi



10 - Dealbh a Deich



11 - Dealbh a h-Aon-deug



12 - Dealbh a Dhà-dheug

